



# COMUNN NA GàIDHLIG

## Annual Report

**CnaG aims to achieve Secure Status for Gaelic and to promote and establish the conditions for Gaelic to grow and flourish, by working in partnership with others, particularly through Gaelic Medium Education, cultural enrichment and community development.**

“I can assure you that we shall continue to provide support for Gaelic-Medium education. Funding for the Scheme of Specific Grants to Local Authorities is increasing under the Comprehensive Spending Review by £200,000 in each of the next three years to £2.834 million in 2001-2002. The funding of £300,000 for Gaelic-medium pre-school provision will be continued for the next three years. We are also maintaining the provision for Gaelic broadcasting and consulting on the future of Gaelic broadcasting. The grants to organisations promoting the Gaelic language and Gaelic arts have been increased and will increase further in the next three years.”

**Rt. Hon Tony Blair MP, Prime Minister,  
in a letter to Mairi Bremner, Chair, CnaG, October 1998, after his visit to Scalpay.**

“Your languages are important, they are the riches of Europe. But they will not survive if you do not use them. Do not be ashamed, be proud of your language.”

**Bojan Brezigar, President,  
European Bureau of Lesser Used Languages, Iuroscoil '99, Stornoway.**



## EDUCATION

- \* National Policy for Gaelic education being pursued through Secure Status initiative.
- \* Reassessment of CnaG's structures for progressing educational issues at a political level (IASG, Gaelic Education Action Group, etc.).
- \* National distribution of Parental Information booklet and leaflet prepared by CnaG and produced by Scottish Office.
- \* Preparation of video to recruit more teachers to Gaelic education.
- \* Organisation of conference for Gaelic learners: "Learning Gaelic in the new Millennium - developing a National Strategy."
- \* Participation in Home Visiting Scheme in the Western Isles.
- \* Co-operation with Comann nam Pàrant at local and national levels.
- \* Organisation of seminar for senior pupils fluent in Gaelic on behalf of local authorities.

## GAELIC PLC

*"In spite of recent advances, the language is still under threat. The loss of the Gaelic language would, quite simply, be a national disaster, a profound and irreparable break with a fundamental part of our national identity. This holistic Gaelic development plan builds on and updates Gaidhlig 2000, the strategy endorsed by the key Gaelic bodies covering the years 1995-2000. This plan seeks to set out a positive way forward for the language in the early years of the next century and to set in place the conditions for it to grow and flourish. I commend it to the people of Scotland."*

**Calum MacDonald, MP,  
Minister for Gaelic,  
Introducing Gaelic PLC, May, 1999.**

## COMMUNITY DEVELOPMENT & PROMOTION

- \* Planning and funding for key development centres in Back and Ness (Lewis), Tiree, and Arran.
- \* Organisation of Conference for the Argyll and Lorne Gaelic development partnership.
- \* Co-ordination of Community projects in Argyll and the Western Isles.
- \* Participation in Western Isles Marketing Scheme.
- \* Co-ordination of proposal to extend Gaelic in the Community Scheme.
- \* Preparation of funding applications for Cultural Tourism Pilot Project.
- \* Publication of Community Projects Newsletters (Western Isles and Argyll).
- \* Co-ordination and publication of Gaelic PLC.
- \* Progression of Secure Status campaign to preparation of Gaelic Bill.
- \* Liaison with All-Party Parliamentary Gaelic Group in Westminster.

*A new Parliament, a new millennium, and real prospects now for "Secure Status" for Gaelic. I take great pride in the very positive results of CnaG's hard work over the years and it is also appropriate to thank all those who have supported us in that effort. This is a time for new confidence for the future of Gaelic but the ultimate responsibility for the language will always rest with its community. You must use Gaelic more, every day, everywhere!*

**Mairi Bremner, Chair, Comunn na Gàidhlig**

*This was not an easy year but we achieved our development targets and also some very important milestones for Gaelic along the way. The new consensus for the holistic Gaelic development strategy "Gaelic plc" further demonstrates the effectiveness of CnaG's wide-ranging development activity as recognised in an independent evaluation for HIE. We are also delighted with the level of cross-party support in the Scottish Parliament for "Secure Status" for Gaelic and we now look forward to early legislation.*

**Allan Campbell  
Chief Executive**

## Key Developments 1984-1999

Campaign for Secure Status for Gaelic  
Gaelic PLC, Development Plan for Gaelic  
National conferences on Gaelic  
Scheme of Specific Grants  
Campaign for Gaelic Broadcasting Fund  
Comann nam Pàrant Nàiseanta  
Pròiseact nan Ealan  
Sradagan  
Gaelic 2000  
Youth Training Initiatives  
Eòrpa gu Eòrpa Exhibition  
Immersion Courses in Gaelic  
Economic Impact of Gaelic (Sproull/Ashcroft)  
Fàilte Cultural Tourism Initiative  
Gaelic Education Action Group  
National Policy for Gaelic Education  
Gaelic Teaching Recruitment Initiatives  
Gaelic signage in Glasgow, Argyll and Dumbarton  
Gaelic in the Community  
Gaelic Congress established annually  
Participation in Iùrosgoil  
Child Protection Policy

*"The Courses available here are a testament to what is being done to enrich us educationally and culturally. The availability of the latest in information communications technology will make the Gaelic education offered by Sabhal Mòr available to many more people in Scotland and, indeed, further afield. We recognise the College's increased demand for the provision of courses in Gaelic language and culture, demand new resources as well. That's why the New Labour government have already announced that Sabhal Mòr shall receive grant funding of £667,000 in 1999-2000 from the Department's further education budget: an increase of 35% over this year's allocation. And today I am able to confirm, the further £150,000 to Sabhal Mòr Ostaig from the FE New Areas Fund which the Labour Government is establishing in the new financial year."*

**Rt. Hon. Gordon Brown MP,  
Chancellor of the Exchequer, Sabhal Mòr Lecture, 1999.**

## YOUTH DEVELOPMENT AND INFORMATION

- \* Development and implementation of Training Programme for Sradagan leaders.
- \* Publication of newsletter: "An t-Sradag".
- \* Child Protection Policy.
- \* Support for Gaelic-speaking teenagers.
- \* Ongoing development of Sradagan network
- \* Planning and organisation of Iùrosgoil '99, in the Western Isles.
- \* "Eòrpa gu Eòrpa" multi-lingual exhibition detailing historical development of Gaelic

## SECURE STATUS

*"The Government recognises the value of Secure Status for Gaelic and with this in mind we have decided to sign and ratify the European Charter for Regional and Minority Languages. This is a big commitment and a big step forward in terms of Secure Status and an example of the value we attach to Gaelic. I have asked my officials to hold meetings within the next month with the Gaelic organisations to discuss their specific proposals and for achieving Secure Status in law."*

**Calum MacDonald MP,  
Minister for Gaelic,  
speaking at the opening of the  
Royal National Mod in Portree, Friday, 9 October, 1998.**

## GAELIC ARTS

- \* Gaelic Arts Economic Impact Study by Glasgow Caledonian University and Ealain 21 Conference Report published and widely distributed.
- \* Fèis Alba launched in Portree as multi-agency collaboration offering advanced music tuition.
- \* Pròiseact nan Ealan and theatre company Tosg both achieved Investors in People status.
- \* Gaelic Arts & Media Training two-year Programme launched with Lottery and CCG Funding and Training Officer post.
- \* Ceòlas Summer School, which drew more than 100 students from across the world, reconstituted in South Uist as a community enterprise with local co-ordinator.
- \* Continued development of Fèisean nan Gàidheal and network of new arts facilities.
- \* Enhanced Gaelic presence in touring arts exhibitions such as PNE/An Lanntair "MacTotem" show and An Tuireann's "Ealain nan Gàidheal".
- \* Gaelic Theatre company Tosg toured Scotland with successful production "Beul nam Breug".

**Comunn na Gàidhlig (CnaG)** is the Gaelic development and co-ordinating agency established in 1984 following recommendations made in the HIDB report *Cor na Gàidhlig* (1982). All Gaelic revival interest groups are represented on CnaG's Board of Directors, including HIE, local authorities and An Comunn Gàidhealach, making it the main forum through which the Gaelic community reflects its views.

CnaG's overall strategy and policy is directed by the Board of Directors which meets twice annually. The Chairman's Executive Group, which comprises the Chair, Vice-Chair, Chief Executive and at least four Board members meets bi-monthly (or as necessary) to oversee the activities of the organisation and to discuss detailed aspects of policy and administration.

### **CnaG Board of Directors 1998/99 (\*=Executive Group)**

#### **Corporate Members**

*Mr. Iain A MacAskill (Chair) (until June, 1998)	Highlands and Islands Enterprise.
*Mrs. Mairi Bremner (Vice-Chair until June, 1998) (Chair from June, 1998)	Comhairle nan Eilean Siar.
Mr. Boyd Robertson (Vice-Chair from June, 1998)	Board of Celtic Studies.
*Mr. R McDonald	Highland Council.
Mr. Allan Beaton	Highland Council.
*Mr. B.M. Scott OBE	North Lanarkshire Council.
Mrs. Ann Draper	President, An Comunn Gàidhealach.
Dr. Farquhar Macintosh CBE	Chair, Sabhal Mòr Ostaig Trustees.
Mr. Matthew MacIver	Chair, Gaelic Broadcasting Committee.
Dr. Alasdair Mearns	Chair, Gaelic Pre-School Council (CNSA).
*Mr. John MacLeod	Chair, Comann nam Pàrant (Nàiseanta).
Miss Ishbel MacLennan	Editor, Craoladh nan Gàidheal.
Mr. John MacDonald	Chair, Fèisean nan Gàidheal.
Mr. John MacLeod	Scottish Crofters' Union.
Mr. Tony Dilworth	Chair, Comann an Luchd-Ionnsachaidh.
Mr. Lorne B. Macleod, (from winter, 1998)	Highlands and Islands Enterprise.

#### **Co-opted Members**

Mr. Calum MacLeod	Manager, Calanais Centre, Lewis.
*Mr. Donald MacDonald	Partner, Aros Visitor Centre, Skye.
*Dr. George Hendry	Comann nam Pàrant.
Prof. D Meek	University of Aberdeen.
*Mr. Rob Dunbar	Chair, CnaG Status Working Group.
*Mr. Allan Campbell	Chief Executive, CnaG.

Memorandum and Articles allow for further director and observer co-option as deemed appropriate from time to time. Observers representing Scottish Office Education and Industry Department, Scottish Arts Council and some of the above nominating bodies also attended board meetings during the year.

**Comunn na Gàidhlig,  
5 Mitchell's Lane  
Inverness IV2 3HQ  
Phone: 01463 234138 Fax: 01463 237470  
e-mail: [oifis@cnag.org.uk](mailto:oifis@cnag.org.uk)  
<http://www.smo.uhi.ac.uk/cnag/>**



1999



# COMUNN NA GàIDHLIG

## AITHISG BHLIADHNAIL

Tha e na amas aig CnaG Inbhe Thèarainte a bhuinnig dhan Ghàidhlig agus an cànan ath-bheòthachadh agus a leasachadh, ag obair cuide ri buidhnean eile, gu sònraichte ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, leasachaidhean coimhearsnachd agus eaconomaigeach.

“Tha mi a’ gealltainn dhuibh gun lean sinn oirnn a’ cumail taic ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha taic airgid fo Thabhartasan Sònraichte nan Ughdarrasan Ionadail a’ fàs £200,000 gach bliadhna airson nan trì a tha romhainn, fo Sgrùdadh Coitcheann nan Cosgaisean, gu £2.834 millean an 2001-2002. Thèid an taic de £300,000 a chaidh a ghealltainn airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig ìre ro-sgoile air adhart airson na trì bliadhna romhainn. Tha sinn cuideachd a’ leantainn le ar taic do chraoladh na Gàidhlig agus a’ gabhail comhairle air craoladh na Gàidhlig san àm ri teachd. Chaidh cur ri na tabhartasan aig buidhnean leasachaidh na Gàidhlig agus buidhnean ealain agus bidh sin a’ fàs a-rithist anns na trì bliadhna air thoiseach.”

**Am Prìomhaire Tony Blair, BP,  
ann an litir gu Màiri Bremner, Cathraiche, CnaG,  
an dèidh dha tadhal air Eilean Scalpaigh, san Dàmhair 1998.**

“Tha bhrù cànain cudromach, stòras prìseil na Roinn Eòrpa. Ach cha mhair iad mur cleachd sibh iad. Na biodh nàire sam bith oirbh, bithibh moiteil asta.”

**Bojan Brezigar,  
Ceann Suidhe, Biùro nam Mion Chànan Eòrpach,  
Iurosgoil '99, Steòrnabhagh.**



## FOGHLAM

- \* Strì airson poileasaidh nàiseanta airson foghlam Gàidhlig tro iomairt Inbhe Thèarainte.
- \* Urachadh ann an structaran poiliteigeach ChnaG, airson ceistean foghlaim a thoirt air adhart, leithid na buidhne eadar-roinneil IASG agus Buidheann Adhartachaidh Foghlaim Gàidhlig.
- \* Sgaoileadh Leabhran Fiosrachaidh do Phàrantan agus bileag a chaidh a dheasachadh le CnaG agus Oifis na h-Albann.
- \* Bhidio a dheasachadh a thàladh barrachd luchd-teagaisg gu foghlam Gàidhlig.
- \* Co-òrdanachadh co-labhairt do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig: “Ag ionnsachadh Gàidhlig san Linn ùr - a’ dealbhadh Innleachd Nàiseanta.”
- \* Compàirt ann an Sgeama Tadhaill Dhachaighean anns na h-Eileanan Siar.
- \* Coluadar le Comann nam Pàrant aig ìre nàiseanta is ionadail.
- \* Co-chruinneachadh do sgoilearan le Gàidhlig air eagrachadh as leth nan ùghdarras ionadail.

## GAELIC PLC

“A dh’aindeòin an adhartais a thàinig air cùisean o chionn ghoirid chan eil an cànan saor bho fhuathas. ’S e cùis-uabhas nàiseanta a bhiodh ann nam faigheadh a’ Ghàidhlig bàs, sgaradh domhainn, a bhiodh na bhuille-bàis do ar fèineachd nàiseanta. Tha am plana-leasachaidh coileanta seo a’ togail air ro-innleachd Comunn na Gàidhlig, Gàidhlig 2000, agus ag ùrachadh na feallsanachd a tha air a bhith a’ stiùireadh nam prìomh bhuidhnean Gàidhlig airson nam bliadhnaichean 1995-2000. Tha am plana seo a’ dealbh slighe chinnteach a-steach dhan linn ùir is a’ feuchainn ri bunaitean a stèidheachadh a bheir cothrom dhan Ghàidhlig a bhith a’ fàs agus a’ soirbheachadh. Mholainn e do shluagh na h-Alba.”

**Calum Dòmhnallach,  
Ministear na Gàidhlig, Ro-ràdh Gàidhlig PLC, Cèitean, 1999.**

## COIMHEARSNACHD IS FOILLSEACHADH

- \* Dealbhadh agus taic airgid do phrìomh ionadan leasachaidh air a’ Bhac agus ann an Nis (Leòdhas), Tìrìodh agus Eilean Arainn.
- \* Co-òrdanachadh co-labhairt do Cho-Roinn Leasachaidh Earra-Ghàidheil is Latharna.
- \* Co-òrdanachadh sgeamaichean is pròiseactan coimhearsnachd ann an Earra Ghàidheil agus anns na h-Eileanan Siar.
- \* Compàirt ann an Sgeama Margaidheachd nan Eilean Siar.
- \* Deasachadh mholaidhean airson cur ris a’ phròiseact Gàidhlig sa Choimhearsnachd.
- \* Deasachadh thagraidhean airson taic airgid do phròiseact ùr Turasachd Cultarail.
- \* Foillseachadh Chuairt-litrichean airson Phròiseactan Coimhearsnachd (Na h-Eileanan Siar agus Earra Ghàidheil).
- \* Co-òrdanachadh agus foillseachadh Gàidhlig PLC.
- \* Làimheachadh iomairt Inbhe Thèarainte agus deasachadh airson Bile Gàidhlig.
- \* Coluadar le Buill-Pàrlamaid Westminster air Buidheann na Gàidhlig.

Pàrlamaid ùr, linn ùr, agus fìor dhòchas airson “Inbhe Thèarainte” dhan Ghàidhlig. Tha mise glè mhoiteil às an adhartas a th’air tighinn mar thoradh air obair chruaidh ChnaG thairis air na bliadhnaichean agus tha e iomchaidh taing a thoirt dhan sheadhainn a th’air taic a chumail ri ar cuid saothrach. Se àm misneachail a tha seo dhan Ghàidhlig ach aig ceann cùise ’s ann aig na Gàidheil fhèin a tha smachd air fìor neart a’ chàinain. Cleachdaibh barrachd dhith gach latha anns gach àite!

**Màiri Bremner, Cathraiche, Comunn na Gàidhlig**

Ged nach be bliadhna fhurasda a bha seo idir, chaidh againn air na h-amasan leasachaidh againn a choileanadh agus thug sinn a-mach cinn sònraichte air an t-slighe aig an aon àm. Tha an t-aonta air an innleachd leasachaidh ann an “Gàidhlig plc” na dearbhadh air an obair leasachaidh fharsaing a tha CnaG a’ coileanadh, mar a chaidh aithneachadh mar tha ann an sgrùdadh neo-eisimeil a rinneadh do dh’Iomairt na Gàidhealtachd. Tha sinn air leth toilichte cuideachd leis an taic eadar-phàrtaidh anns a’ Phàrlamaid ùr airson “Inbhe Thèarainte” dhan Ghàidhlig agus tha fiughair a-nis ri lagh ann an aithghearrachd.

**Ailean Caimbeul, Ceannard, Comunn na Gàidhlig.**

## Prìomh Cheumannan Leasachaidh 1984-1999

Iomairt Inbhe Thèarainte  
Gàidhlig PLC, Plana Leasachaidh Cànan  
Co-labhairtean Nàiseanta Gàidhlig  
Tabhartasan Sònraichte do dh’fhoghlam Gàidhlig  
Iomairt Craolaidh Gàidhlig  
Comann nam Pàrant (Nàiseanta)  
Pròiseact nan Ealan  
Sradagan  
Gàidhlig 2000  
Iomairtean Trèanaidh Oigridh  
Taisbeanadh Eòrpa gu Eòrpa  
Cùrsaichean Bogaidh Gàidhlig  
Rannsachadh Eaconomaigeach Gàidhlig (Sproull/Ashcroft)  
Iomairt Turasachd Cultarail Fàilte  
Buidheann Adhartachaidh Foghlaim Gàidhlig  
Poileasaidh Nàiseanta airson Foghlaim Gàidhlig  
Iomairtean trusaidh luchd-teagaisg  
Soighnichean – Glaschu, Earra-Ghàidheil is Dun  
Bhreatann  
Gàidhlig sa Choimhearsnachd  
Còmhdhail Bhliadhnail  
Compàirteachadh ann an Iurosgoil  
Poileasaidh Dìon Cloinne

“Tha na cùrsaichean a tha rim faotainn an seo nan teisteanais air an ùrachadh a tha a’ tighinn tro fhoghlaim is cultair. Bidh cothrom aig fada bharrachd dhaoine feadh Alba, agus gu dearbh nas fhaide air falbh na sin, air an fhoghlam Gàidhlig a thathas a’ tairgse an seo, tro na goireasan teicneòlais fiosrachaidh as ùire. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil barrachd feumalachdan a thaobh chùrsaichean mu Ghàidhlig agus an cultar, a’ ciallachadh feum air tuilleadh stòrais man coinneimh. ’S ann air sgàth sin a dh’fhoillsich an Riaghaltas Ur Làbarach roimhe seo gu faigheadh Sabhal Mòr taic airgid de £667,000 ann an 1999-2000 bho chunntas foghlam àrd-ìre na Roinne; ùrdachadh de 35% air a’ bhliadhna seo. Agus an diugh tha mi a’ foillseachadh £150,000 eile bhon Stòras Roinnean Ura FE a tha an Riaghaltas Làbarach a’ stèidheachadh anns a’ bhliadhn-ionmhais ùir.”

**Gòrdon MacIlleDhuinn, BP, Seansalair na Dùthcha,  
Oraid an t-Sabhail, 1999.**

## OIGRIDH IS FIOSRACHADH

- \* Leasachadh agus làimheachadh Prògram Trèanaidh do cheannardan Shradagan.
- \* Foillseachadh Cuairt-litir, “An t-Sradag”.
- \* Dealbhadh Poileasaidh Dìon Cloinne.
- \* Taic do dheugairean le Gàidhlig.
- \* Cur ri lionradh nàiseanta nan Sradagan.
- \* Deasachadh agus co-òrdanachadh airson Iurosgoil '99, anns na h-Eileanan an Iar.
- \* Taisbeanadh iomadh-chànan “Eòrpa gu Eòrpa”, a’ mìneachadh eachdraidh na Gàidhlig

## INBHE THEARAINTÈ

“Tha an Riaghaltas ag aithneachadh an luach a th’ ann an Inbhe Thèarainte dhan Ghàidhlig, agus ’s e sin a thug oirnn ar làmh a chur ri Cairt Eòrpach nam Mion-Chànan. Tha an taic seo bunaiteach, na cheum mhòr air adhart gu Inbhe Thèarainte a bhuinig, agus ag aithneachadh an luach a tha sinn a’ cur air a’ Ghàidhlig. Tha mi air iarraidh air na h-oifigearan agam coinneachadh ri buidhnean Gàidhlig air an ath mhìos a bheachdachadh air an cuid mholaidhean son Inbhe Thèarainte a stèidheachadh fon lagh.”

**Calum Dòmhnallach BP,  
Ministear na Gàidhlig,  
a’ bruidhinn aig fosgladh a’ Mhòid Nàiseanta Rìoghail  
ann am Portrìgh, Dihaoine, Dàmhair 9, 1998.**

## EALAIN GAIDHLIG

- \* Aithisg air Buaidh Eaconomaigeach nan ealan Ghàidhlig le Oilthigh Chaledonia an Glaschu, agus Aithisg Cho-labhairt Ealain 21 air am foillseachadh.
- \* Fèis Alba ga toiseachadh am Portrìgh mar mheadhan eadar-bhuidhnean air oideachadh ciùil a thairgse.
- \* Pròiseact nan Ealan agus a’ chompanaidh theatre Tosg le chèile a bhuinnig inbhe “Creideas nar Cosnaichean.”
- \* Prògram Trèanaidh dà bhliadhna ann an Ealain Ghàidhlig agus na Meadhanan air a stèidheachadh le taic-airgid bhon CCG agus a’ Chrannchur Nàiseanta; cuideachd dreuchd Oifigeach Trèanaidh.
- \* Sgoil Shamhraidh Ceòlas, air a frithealadh le còrr is 100 oileanach bho air feadh an t-saoghail, ath-leasachadh ann an Uibhist a Deas mar iomairt coimhearsnachd le co-òrdanaiche ionadail.
- \* Tuilleadh leasachaidh air lionraidh Fèisean nan Gàidheil agus goireasan ùra ealain.
- \* Barrachd inbhe aig a’ Ghàidhlig ann an taisbeanaidhean ealain air thuras, leithid “MacTotem” bho PNE/An Lanntair agus An Tuireann le “Ealain nan Gàidheil”.
- \* A’ chompanaidh theatre Gàidhlig Tosg a’ soirbheachadh air thuras feadh Alba le “Beul nam Breug”.

Chaidh **Comunn na Gàidhlig (CnaG)** a stèidheachadh ann an 1984, a leasachadh agus a cho-òrdanachadh cùisean Gàidhlig mu choinneimh mhòlaidhean san aithisg *Cor na Gàidhlig* (1982). Tha a h-uile buidheann a tha an sàs ann an aiseirigh na Gàidhlig air an riochdachadh air Bòrd Stiùiridh ChnaG, nam measg Iomairt na Gàidhealtachd, Comhairlean, agus An Comunn Gàidhealach. Leis a sin seo a' phrìomh bhuidheann a th' aig coimhearsnachd na Gàidhlig airson am beachdan a libhrigeadh agus a chur air adhart.

Tha innleachd is poileasaidh ChnaG air an stiùireadh le Bòrd a tha a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna. Tha Buidheann Gnìomh a' Chathraiche, air am bheil an Cathraiche fhèin, an t-Iar Chathraiche, an Ceannard agus co-dhiù ceathrar dhen Bhòrd-stiùiridh, a' coinneachadh a h-uile dà mhìos, (neo mar tha feum) a chumail sùil air gnothaichean sam bheil CnaG an sàs agus a bheachdachadh gu mionaideach air poileasaidh is rianachd.

### **Bòrd Stiùiridh 1998/99 (\*=Buill Buidheann Gnìomh)**

#### **Buill Riochdachaidh**

*Mghr. I. MacAsgaill Cathraiche (gu Og-mhios, 1998)	Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean
*Bh.Ph. M. Bremner, Iar Chathraiche (gu Og-mhios, 1998) Cathraiche (bho Og-mhios, 1998)	Comhairle nan Eilean Siar
Mghr. A. G. B. MacDhonnchaidh Iar Chathraiche (bho Og-mhios, 1998)	Bòrd Ceilteis
*Mghr. R. Dòmhnallach Mghr. A. Peutan *Mghr. B. M. Scott OBE Bh.Ph. A. Draper An t-Oll. F. Mac an Toisich CBE Mghr. M. MacIomhair An t-Oll. A. MacMhaoirn *Mghr. I. MacLeòid Bh.Uas. I. NicIllinnein Mghr. I. Dòmhnallach Mghr. I. MacLeòid Mghr. Tony Dilworth Mghr. Latharna B. MacLeòid	Comhairle na Gàidhealtachd Comhairle na Gàidhealtachd Comhairle Lannraig a Tuath Ceann-suidhe, An Comunn Gàidhealach Cathraiche, Urras Sabhal Mòr Ostaig Cathraiche, CCG Cathraiche, CNSA Cathraiche, Comann nam Pàrant (Nàiseanta) Neach-Deasachaidh, Craoladh nan Gàidheal Cathraiche, Fèisean nan Gàidheal. Aonadh nan Croitearan Cathraiche, Comann an Luchd-Ionnsachaidh. Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean

#### **Buill co-thaghte**

Mghr. Calum MacLeòid *Mghr. Dòmhnall Dòmhnallach *An t-Oll Seòras Hendry Prof. Dòmhnall Meic *Mghr. Rob Dunbar *Mghr. Ailcan Caimbeul	Stiùiriche, Ionad Chalanais, Leòdhas. Ionad Aros, Portrigh. Comann nam Pàrant Oilthigh Obar Dheathain Oilthigh Ghlaschu Ceannard, CnaG
--	---

Faodar tuilleadh bhall is luchd-fianais a chur ris a' seo mar a tha iomchaidh. Tha luchd-fianais, a' riochdachadh SOEID, SAC agus cuid de na buidhnean air an ainmeachadh gu h-àrd, cuideachd a' frithealadh choinneamhan rè na bliadhna.

**Comunn na Gàidhlig**  
**5 Caolshràid Mhìcheil**  
**Inbhir Nis IV2 3HQ**  
**Fon: 01463 234138 Facs: 01463 237470**  
**post dealain: oifis@cnag.org.uk**  
**http://www.smo.uhi.ac.uk/enag/**

